



National
Qualifications
2023

X831/76/11

**Gaelic (Learners)
Reading**

WEDNESDAY, 24 MAY

9:00 AM – 11:00 AM

Total marks — 30

Attempt ALL questions.

Write your answers clearly, in **English**, in the Reading answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify the question number you are attempting.

You may use a Gaelic dictionary.

Use **blue** or **black** ink.

There is a separate question and answer booklet for Directed Writing. You must complete your answer for Directed Writing in the question and answer booklet for Directed Writing.

Before leaving the examination room you must give your Reading answer booklet and your Directed Writing question and answer booklet to the Invigilator; if you do not, you may lose all the marks for this paper.



* X 8 3 1 7 6 1 1 *

Total marks — 30

Attempt ALL questions

Read the whole article carefully and then answer, in **English**, ALL the questions that follow.

The article discusses young people leaving home for the first time.

A' gabhail an ath cheuma

A' gluasad air falbh bhon dachaigh airson a' chiad uair – 's urrainn dha a bhith na àm sunndach ach aig an aon àm na dhùbhlán. Bidh iomadh faireachdainn eadar-dhealaichte a' ruith tro d' inntinn an latha a dh'fhàgas tu an dachaigh. Tha thu air a bhith a' coimhead air adhart ris bho chionn fhada ach tha làn fhios agad gum bi tu ag ionndrainn nan rudan air

5 a bheil thu glè eòlach, leithid pàrantan, caraidean fiu 's peataichean. Ge be càit an tèid thu no dè nì thu, tha aon rud cinnteach: bidh an t-uabhas agad ri ionnsachadh. Bidh saoghal ùr a' feitheamh ort le eòlasan ùra, agus caraidean ùra cuideachd.

Airson cuid de dhaoine 's e seo a' chiad uair nuair a dh'fheumas iad a bhith a' riaghladh an airgid fhèin le cunntas-banca; feumaidh tu a bhith mothachail air dè an t-airgead a tha agad agus na tha thu a' dol a phàigheadh air cosgaisean mìosail. 'S e seo na rudan riatanach ach dòrainneach a b' àbhaist a bhith an urra ri pàrantan. Ma gheibh thu an cothrom, cuir beagan airgid gu aon taobh airson rudan spòrsail leithid saor-làithean no siubhal còmhla ri caraidean. A bharrachd air seo, tuigidh tu gu luath gu bheil sgilean còcaireachd a cheart cho cudromach ri sgilean eile oir bidh tu dualtach a bhith a' còcaireachd dhut fhèin agus cha bhi

10 e idir math dhut a bhith beò air sliseagan, aran agus pasta a h-uile latha, ma tha thu airson cumail fallain. Air an adhbhar sin, bhiodh e math dhut ionnsachadh mar a nì thu caochladh dhinnearan blasta, fallain mus fàg thu taigh an teaghlach.

Gu tric, 's ann nuair a thèid òganach don oilthigh a gheibh e no i eòlas air neo-eisimeileachd air falbh bhon dachaigh airson a' chiad uair. Tha an t-uabhas ri ionnsachadh anns a' chiad

20 bhliadhna agus chan e a-mhàin obair nan cùrsaichean. Feumaidh tu fàs nas comasaiche air obair a dhèanamh gun tidsear no pàrant gad bhrosnachadh gun sgur, ag innse dhut gum bu chòir dhut a bhith a' leughadh do leabhraichean no a' sgrùdadh theacsaichean. Bidh e an urra riut fhèin a bhith ag èirigh agus a' dol do na clasaichean agad aig an àm cheart, fiu 's an dèidh oidhche anmoch anns a' bhaile. Feumaidh oileanaich òga an ùine aca a riaghladh gu

25 ceart eadar a bhith a' dol a-mach gu clubaichean-oidhche, pàrtaidhean is a' coinneachadh ri caraidean ùra, agus a' faighinn cadal gu leòr airson 's gum bi iad comasach air leabhraichean a sgrùdadh agus ionnsachadh ann an clasaichean.

Ma tha thu a' fàgail na dachaigh airson obair, is cinnteach gum bi na h-aon sgilean beatha agad ri ionnsachadh. Dh'fhàg Eòghann an sgoil aig deireadh na còigeamh bliadhna: “Bha mi ag iarraidh a bhith nam shaor agus bha cothrom agam obair fhaighinn ann an gnìomhachas beag air tìr-mòr. B' ann a bha mi iomagaineach an toiseach air sgàth 's nach do dh'fhuirich mi sa bhaile mhòr a-riamh ach bha mi air bhioran a' smaoineachadh mu dheidhinn cuideachd. Bha agam ri flat a lorg agus càr a cheannach cuideachd. Gu mì-fhortanach, cha robh cead-dràibhidh agam mar sin, b' fheudar dhomh leasan an dràibhidh a chur air dòigh sa chiad

30 dol a-mach. A-nis, tha mi uabhasach pròiseil gun do rinn mi e nam aonar, gun taic-airgid bho mo pàrantan. Cha robh e an-còmhnaidh furasta ach le beagan planaigh agus mòran chomhairle bho mo theaghlach, shoirbhich leam. An rud a bu mhiosa mu bhith a' fuireach leam fhìn, b' e gun robh am flat na bhùrach às dèidh seachdain agus b' ann an uair sin a bhuail e orm nach robh duine sam bith eile a' dol ga sgioblachadh ach mi fhìn!”

Questions

Re-read lines 1–7.

- | | |
|--|---|
| 1. What does the writer say about leaving home in the first sentence? | 2 |
| 2. What does the writer go on to say is the one thing you can be certain of? | 1 |

Re-read lines 8–17.

- | | |
|---|---|
| 3. The article talks about money management. | |
| (a) What should you be aware of? | 1 |
| (b) What does the writer say about this? State any two things. | 2 |
| (c) What other advice does the writer give about money? | 2 |
| 4. The article goes on to discuss nutrition. | |
| (a) Why are cooking skills just as important as other skills? | 2 |
| (b) What advice does the writer give about cooking? | 2 |

Re-read lines 28–39.

- | | |
|--|---|
| 5. Eòghann talks about his experience of leaving home. | |
| (a) When did he leave school? | 1 |
| (b) What did he have to do at first? State any one thing. | 1 |
| (c) How does he feel about his experiences now? | 2 |
| (d) According to Eòghann, what was the worst thing about living alone? | 2 |

Now consider the article as a whole.

- | | |
|--|----|
| 6. Does the writer think that young people are able to look after themselves successfully when they leave home? Give details from the text to justify your answer. | 2 |
| 7. Translate into English:
<i>Gu tric . . . sgrùdadh theacsaichean.</i> (lines 18–22) | 10 |

[END OF QUESTION PAPER]

[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE